



**Skills
Development
Scotland**

Stiùireadh airson Tidsearan agus Luchd- cleachdaidh

**A' toirt taic do dhaoine òga ann am
profaidhleadh an sgilean agus an
coileanaidhean**

Clàr-innse

Ro-ràdh	3
Dè a tha ann am profaidhleadh?	4
Carson a tha profaidhleadh cudromach?	5
Dè tha ìre Foghlam Dhreuchdan ag ràdh?	5
Cò tha a' toirt taic don phròiseas profaidhlidh?	5
Dè a tha ann am profaidhl?	6
Cò leis a tha am profaidhl?	6
Dè a bu chòir a bhith ann am profaidhl?	6
Cò ris a tha profaidhleadh coltach?	7
Profaidhleadh ann an co-theacsa DYW	7
Dè an ath cheum?	8
Profaidhleadh - Ceistean Meòrachail	9
Ceangalan iomchaidh	11

Ro-ràdh

Tha *Plana Nàiseanta 2017 Leasachadh Frèam-obrach agus Leasachadh a' cur an cèill* prìomhachasan soilleir gus amas an riaghaltais airson sàr-mhathas agus co-ionannachd ann am foghlam Alba a choileanadh:

- gus coileanadh àrdachadh
- gus am beàrn coileanaidh co-cheangailte ri bochdainn a dhùnadh
- gus slàinte agus sunnd a leasachadh agus
- gus cinn-uidhe dheimhinneach an dèidh na sgoile a leasachadh.

Tha *An Curraicealam airson Sàr-mhathais* air a bhith mar fhrèam-obrach airson sgoiltean na h-Alba bho thoiseach an 21mh linn. Tha e air a dhealbh gus taic a thoirt do chlann agus dhaoine òga air fad ann an Alba raon farsaing de eòlas, sgilean agus buadhan a leasachadh a dh'ullaicheas iad gus coinneachadh ri dùbhlain obrach agus beatha san 21mh linn. Tha *Ro-innleachd Fastadh-òigridh Alba a' stiùireadh nan cuspairean foghlaim agus nan clachan-mìle sa chlàr-obrach A' Leasachadh an Sgioba-obrach Òg* gus clann agus daoine òga ullachadh nas fheàrr airson saoghal na h-obrach agus cion-cosnaidh nan daoine òga a lùghdachadh mu 40% bho ìrean 2014 mu 2021. Tha *Dè cho math 's a tha an sgoil againn? 4^{mh} Eagran* (HGIOS?4)¹ agus *Dè cho math 's a tha ar Tràth-Ionnsachadh agus Cùram Chloinne?* (HGIOELC)² *Dè cho math 's a tha ar Colaiste?*³, *Dè cho math 's a tha Ar Sgoil?*⁴, *Dè cho math 's a tha an t-ionnsachadh agus leasachadh sa choimhearsnachd againn?* uile a' gabhail a-steach grunnan iomraidhean mu leasachadh sgilean gus a bhith a' coileanadh am prìomh bhuil de bhith a' meudachadh cruthachaileachd agus so-fhastachd.

Tha an sgrìobhainn seo a' cur ri stiùireadh a tha ann a-cheana mu phrofaidhleadh mar A' Togail a' Churraicealaim 5 (Ag aithneachadh coileanadh, profaidhleadh agus aithris⁵) agus Brath-ullachaidh A' Churraicealam airson Sàr-mhathais 'Profaidhleadh agus am Profaidh AS3'⁶ le bhith a' toirt dealbh de phrofaidhleadh ann an co-theacsa foghlam dreuchdail agus A' Leasachadh an Sgioba-obrach Òg.

Na chois tha stòras ionnsachaidh ('[Profaidhleadh sgilean agus coileanaidhean ann an co-theacsa DYW/foghlam dhreuchdan](#)') a tha a' toirt taic do dhol an sàs proifeiseanta agus ionnsachadh a thaobh an stiùiridh seo.

¹ [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? 4](#)

² [Dè cho math 's a tha ar Tràth-Ionnsachadh agus Cùram Chloinne? \(HGIOELC\)](#)²: QIs 2.2, 2.3, 2.3, 2.4, 2.6, 3.2.

³ [Dè cho math 's a tha ar Colaiste?](#)

⁴ [Dè cho math 's a tha Ar Sgoil? \(dreach dhaoine òga\)](#)

⁵ [BtC5 - a framework for assessment: Recognising achievement, profiling and reporting.](#)

⁶ [CfE Briefing: Profiling and the S3 Profile](#)

Dè a tha ann am profaidhleadh?

Tha a bhith ag aithneachadh coileanadh, profaidhleadh agus aithris nan eileamaidean bunaitich den Curraicealam airson Sàr-mathas⁷. Tha taic uile-choitcheann de dh'àrd-chàileachd (HGIOS?4 Comharra-càileachd 2.4 agus Dè cho math 's a tha Ar Colaiste? Comharra-càileachd 2.2) a' cur cuideam air gum bu chòir cothroman tric agus riaghailteach a bhith aig clann agus daoine òga a bhith a' conaltradh agus a' lèirmheas an ionnsachaidh agus a' planadh nan ath cheumannan leis an fheadhainn a tha an sàs san fhoghlam aca. Tha seo a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh a bhith a' fàs mothachail air an coileanaidhean ann an suidheachaidhean ionnsachaidh foirmeil agus neo-fhoirmeil, an t-eòlas agus na sgilean a tha iad a' leasachadh, agus mar a tha seo a' beantainn ris an t-saoghal san fharsaingeachd a' gabhail a-steach saoghal na h-obrach. Canar profaidhleadh ris a' phròiseas leantainneach seo, bho 3-18.

Ged a bhios stèidheachaidhean ag aithneachadh agus a' co-roinn choileanaidhean aig prìomh ìrean eadar-ghluasaid tro gheàrr-chunntas de na leasachaidhean agus adhartas ann am profaidhleadh neach-ionnsachaidh, tha am pròiseas profaidhleadh **leantainneach agus adhartach** airson luchd-ionnsachaidh tro na bliadhnaichean tràth-ionnsachaidh agus sgoile aca. Tha e cudromach gum bi profaidhleadh taobh a-staigh foghlam dreuchdail mar phàirt bhunaitich de ghnìomhan profaidhleadh nas fharsaingeach agus nach bu chòir e a bhith air fhaicinn mar nì air leth no a thuilleadh air seo.

Tha rannsachadh⁸ a' moladh gum bi **conaltraidhean brìoghmhor**⁹ le clann agus daoine òga mun adhartas agus an coileanaidhean gan treòrachadh ann an stiùireadh an ionnsachaidh, an dearbh-aithne agus a' leantainn an àrd-mhiannan fa leth agus na dhèidh sin a bhith ag àrdachadh coileanadh. Bidh profaidhleadh, gu sònraichte a thaobh cinn-uidhe dheimhinneach sheasmhach, mar sin a' cur ri bhith 'a' dùnadh a' bheàrn coileanaidh'.

Tha comasan agus cothroman chloinne agus dhaoine òga air an cumadh le measgachadh de fhèin-fhiosrachaidhean taobh a-staigh shuidheachaidhean foirmeil is neo-fhoirmeil. Bu chòir do phrofaidhleadh mar sin clann agus daoine òga a mhisneachadh gu bhith a' tuigsinn an coileanaidhean air fad, a' gabhail a-steach na feadhainn a choisinn iad san sgoil agus feadhainn a choilean iad ann an suidheachaidhean eile leithid an teaghlaidhean, buidhnean òigridh agus coimhearsnachdan.

⁷ A' togail a' Churraicealaim [5](#)

⁸ Dylan Williams: 'Using assessment strategies to support feedback' (<https://education.gov.scot/improvement/assess13-dylan-william-feedback-on-learning>)

⁹ Faic [Profiling exemplification – Learner conversations](#)

Carson a tha profaidhleadh cudromach?

Tha dol an sàs ann am profaidhleadh a' leigeil le luchd-ionnsachaidh tuigse nas motha fhaighinn orra fhèin, an ionnsachadh agus an coileanaidhean agus aig an aon àm sgilean a chosnadh ann am meòrachadh, luachadh agus fèin-stiùireadh. Tha e a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' meòrachadh air fèin-fhiosrachaidhean iomchaidh agus leasachadh sgilean agus ag altramachadh an comais labhairt mun timcheall ann an co-theacsa. Tha e cuideachd gan uidheamachadh leis a' chomas a bhith a' riaghailteachadh àrd-mhiannan san àm ri teachd mu chothrom cosnaidh no slighean obrach as fheàrr a tha a rèir an tàlantan, buadhan agus comasan. Na dhèidh sin bidh e comasach do dhaoine òga a bhith a' co-roinn fianais iomchaidh mu an leasachadh le, mar eisimpleir, pàrantan, comhairlichean dreuchd, feadhainn a dh'fhaodadh a bhith mar luchd-fastaidh no solaraichean ionnsachaidh eile ann an dòigh bhrìoghmhor agus fhiosrachail.

Bheir profaidhleadh farsaing a tha a' gabhail a-steach meòrachadh mu fhoghlam dreuchdail agus fiosrachaidhean ionnsachaidh stèidhichte air obair seachad aig a' cheann thall bunait fhallain airson a bhith a' taghadh shlighean airson an ama ri teachd agus a' toirt taic don phròiseas a bhith a' lorg, a' tagradh agus soirbheachail ann am faighinn agus cumail suas obair.

Dè tha Ìre Foghlam Dhreuchdan ag ràdh?

Tha Ìre Foghlam Dhreuchdan 3-18 ag ràdh gu bheil còir aig clann agus daoine òga air cothroman airson a dhol an sàs ann am profaidhleadh a tha a' toirt taic do ionnsachadh agus leasachadh sgilean airson obair agus roghainnean a thaobh dreuchd san àm ri teachd¹⁰. Tha na h-abairtean 'Is urrainn dhomh' sna pàipearan taic den CES a' toirt dealbh air cò ris a bhiodh seo coltach bho thràthire chun na h-ìre as sine.¹¹ Co-ionann ri seo thathar a' sùileachadh gum bi tidsearan agus luchd-cleachdaidh a' cur clann agus daoine òga an sàs ann an conaltraidhean brioghmhor mu bhith a' leasachadh an sgilean agus gan cuideachadh le profaidhleadh mar thaic do an slighean a thaobh dreuchd.¹²

Cò tha a' toirt taic don phròiseas profaidhleadh?

Tha dleasan aig **an luchd-obrach air fad**, pàrant (an) agus com-pàirtichean a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil clann agus daoine òga nan luchd-com-pàirt gnìomhach ann an conaltraidhean leantainneach gus a bhith a' soillseachadh an ionnsachadh, an sgilean agus an coileanaidhean, agus na tha romhpa san àm ri teachd. Bu chòir do phàrantan/luchd-cùraim co-obrachadh gu dlùth le luchd-obrach

¹⁰ [Career Education Standard 3-18](#), p 8

¹¹ Ìre Foghlam Dhreuchdan 3-18, td 15-17

¹² Ìre Foghlam Dhreuchdan 3-18, td 10

tron phròiseas profaidhlidh le bhith a' bruidhinn ris an leanabh aca, gu tric, mu an ionnsachadh, coileanaidhean agus àrd-mhiannan.

Tha com-pàirtichean ann an lìbhrigeadh foghlam dreuchdail agus leasachadh sgilean so-fhastachd, leithid Comhairlichean Dreuchd no luchd-fastaidh, comasach air stiùireadh a thoirt agus iomraidhean air cothroman ionnsachaidh stèidhichte air obair a tha a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh fèin-fhiosrachaidhean iomchaidh agus trèanadh a luachadh.

Dè a tha ann am profaidhl?

Is e clàr a tha ann am profaidhl a tha a' glacadh nan coileanaidhean as ùire agus as fheàrr¹³ aig àm sònraichte. Clàraidh luchd-ionnsachaidh, gu cunbhalach, beachdan agus fianais mun ionnsachadh agus na sgilean a tha iad air a leasachadh, agus ceanglaidh iad sin ris an t-saoghal-obrach, an àrd-amasan dreuchdail agus an slighean san àm ri teachd. Aig a' cheann thall bu chòir do phrofaidhl an neach-ionnsachaidh a bhith a' dèanamh ceangal ri pròiseasan sgrìobhadh CV, a' cur airson obair, ag ullachadh airson agallamhan no fèin-fhastadh.

Cò leis a tha am profaidhl?

Ged a tha tidsearan agus luchd-cleachdaidh aig teis-mheadhan taic agus stiùireadh a' phròiseas profaidhlidh, gu sònraichte aig ìrean tràth de fhoghlam, is ann leis an neach-ionnsachaidh a tha am fiosrachadh agus aig a' cheann thall is e a tha an urra ri bhith a' leasachadh, ag ùrachadh agus a' co-roinn a shusbaint.

Dè a bu chòir a bhith ann am profaidhl?

Bidh profaidhl neach-ionnsachaidh stèidhichte air raon farsaing de fhiosrachadh mu fhèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh, adhartas agus coileanaidhean tro na ceithir co-theacsaichean ionnsachaidh¹⁴ sa Churraicealam airson Sàr-mhathas. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach:

- adhartas agus coileanadh thar raointean a' churraicealaim air fad agus nas farsaing na sin, mar a tha iomchaidh don ìre ionnsachaidh agus leasachaidh;
- fiosrachadh mu adhartas agus leasachadh sgilean air an altachadh a rèir an ceangal ri saoghal na h-obrach agus àrd-amasan dreuchdail;
- aithris neach-ionnsachaidh a' mìneachadh nan coileanaidhean as ùire agus as fheàrr aige/aice, taobh a-staigh no taobh a-muigh na sgoile;¹⁵

¹³ Notaichean [CfE: Profiling and S3 profiles](#)

¹⁴ [Làrach-lìn Education Scotland](#)

¹⁵ Tha [Amazing Things](#) a' sònrachadh chothroman agus comas dhuaisean òigridh taic agus aithneachadh a thoirt do choileanaidhean dhaoine òga.

- clàr de na teisteanasan agus na duaisean a chaidh a chosnadh, le iomradh air ìrean SCQF far a bheil sin iomchaidh;¹⁶
- meòrachadh air fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh stèidhichte air obair a' gabhail a-steach fiosan bho neach-fastaidh;
- coileanaidhean no fèin-fhiosrachaidhean iomchaidh taobh a-muigh co-theacsa foghlaim foirmeil (me coileanadh nas fharsainge) leithid dol an sàs ann an coimhearsnachd, obair saor-thoileach, duaisean òigridh msaa;
- abairtean taiceil no iomraidhean bho me tidsearan, luchd-fastaidh, pàrantan/luchd-cùraim, comhairlichean SDS, luchd-obrach òigridh msaa;
- eileamaidean a tha a' comharrachadh tuigse don phròiseas a bhith a' lorg, a' cur airson, a' faighinn agus a' cumail obair (me crìochnachadh modailean MyWoW, CV no Geàrr-chunntas msaa.).

Cò ris a tha profaidhleadh coltach?

Tha caochladh farsaing de fhòrmatan agus de dh'innealan air an cleachdadh gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh ann a bhith a' glacadh agus a' co-roinn an slighe phrofaidhlidh le cudrom a' sìor fhàs air a bhith a' cleachdadh profaidhlean didseatach. Tha na leanas a' gabhail a-steach eisimpleirean de mhodhan-obrach a thathar a' cleachdadh aig an àm a tha an làthair:

- Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh: [A' profaidhleadh sgilean so-fhastachd agus coileanadh nas fharsainge](#)
- Comhairle Pheairt agus Cheann Rois: [Profaidhlean agus a' Stiùireadh Profaidhleadh 3-18](#)
- Modh-obrach profaidhlidh a' cleachdadh pasgain-e (stèidh [Glow Blog](#))
- Bun-sgoil Tarbolton: [A' cleachdadh Seesaw, pasgain-e gus fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh a ghlacadh agus a cho-roinn](#)

Ach taghaidh stèidheachdan am fòrmat as fheàrr a fhreagras air na suidheachaidhean agus na co-theacsaichean sònraichte aca fhèin gus am fiosrachadh iomchaidh a chur ri profaidhl an neach-ionnsachaidh san dòigh as fheàrr.

Profaidhleadh ann an co-theacsa DYW

Bidh raon farsaing de fhianais ann mu fhoghlam dreuchdail a bhios luchd-ionnsachaidh comasach a chlàradh, meòrachadh air agus bruidhinn mu dheidhinn. Faodaidh sin a bhith a' gabhail a-steach phròiseactan, fèin-fhiosrachaidhean stèidhichte air obair, dol an sàs le luchd-fastaidh, no cothroman greis-obrach. Bidh e mar nì riatanach ge-tà a bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh mìneachadh, beachdachadh agus tracadh leasachadh air **sgilean** a rèir an àrd-mhiannan agus an

¹⁶ Tha mòran phrògraman ionnsachaidh ann a thuilleadh air teisteanasan SQA aig a bheil ìrean SCQF agus puingeann creideis agus tha e cudromach gu bheil eòlas aig daoine òga air ìre an ionnsachaidh air fad oir tha e a' toirt misneachd dhaibh cho math ri bhith a' planadh an slighe ionnsachaidh airson an ama ri teachd. Airson tuilleadh fiosrachaidh rach gu www.scdf.org.uk

slighean san àm ri teachd. Tha *Togail a' Churraicealaim 4*, 'Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair'¹⁷ a' toirt stiùir shoilleir mun seo thar gach taobh de ionnsachadh.

Tha raon farsaing de mhodhan-obrach air a bhith air an cleachdadh gus am pròiseas seo a rianachd gu h-èifeachdach agus gu siostamataigeach, cuid air a bheilear a' toirt cunntas gu h-ìosal:

- Àrd-sgoil Leth-Pheairt: [Frèam-obrach Sgilean - leasachadh sgilean thar gach taobh de ionnsachadh](#)
- Comhairle Mhoireibh: [Slighe Sgilean](#)
- Àrd-sgoil Cheann a' Ghiùthsaidh: [A' Profaidhleadh sgilean so-fhastachd agus coileanadh nas fharsaing](#)
- [SQA: Bun-sgilean agus Frèam-obrach Sgilean airson Ionnsachadh, Beatha agus Obair](#)

Tha obair a' dol an-dràsta gus modh-obrach iomlanach agus in-ghabhalach a sholair a thaobh leasachadh agus clàradh sgilean tro **Mo Shaoghal Obrach**¹⁸. Bidh [inneal profaidhleadh ùr](#) ri fhaotainn on Lùnastal 2018 gus am bi e comasach do luchd-ionnsachaidh a bhith a' comharrachadh, a' clàradh agus mean air mhean a' togail suas am pasgan sgilean agus iad a' leasachadh an slighean dreuchdail.

Dè an ath cheum?

Tha Riaghaltas na h-Alba air lèirmheas fharsaing a dhèanamh air slighe foghlaim luchd-ionnsachaidh 15 – 24 bliadhna a dh'aois. Tha [an aithisg](#) a chaidh fhoillseachadh sa Chèitean 2018, a' gabhail a-steach 17 molaidhean ag amas air a bhith a' leasachadh siostam an fhoghlaim agus sgilean le bhith a' solair slighe foghlaim a tha nas so-leantainnich agus nas co-chòrdail a tha a' leigeil leis na daoine òga air fad an slighean san àm ri teachd a phlanadh agus adhartachadh nas fheàrr.

Is e prìomh amas Lèirmheas Slighe an Neach-ionnsachaidh, dèanamh cinnteach gu bheil “gach neach-ionnsachaidh air an t-slighe cheart chun na h-obrach cheart, tron chùrsa cheart leis an fhiosrachadh cheart”¹⁹. Gus seo a choileanadh feumaidh luchd-ionnsachaidh taic èifeachdach agus stiùireadh a thaobh a bhith a' profaidhleadh an coileanaidhean agus an sgilean.

A chum seo tha moladh 1 den lèirmheas a' sùileachadh gum bi aig gach neach-ionnsachaidh “cunntas ... air-loidhne a leigeas le luchd-ionnsachaidh a bhith a' clàradh am buadhan, sgilean agus teisteanasan ann an dòigh a leanas iad an dèidh dhaibh an sgoil fhàgail agus a chuidicheas iad ann a bhith a' planadh an slighe ionnsachaidh a-steach gu obair.”

Tha e mar sin cudromach gum bi tidsearan agus luchd-cleachdaidh a' lèirmheas agus a' luachadh am modh-obrach làithreach agus a' cleachdadh an stiùiridh agus

¹⁷ A' Togail a' Churraicealaim 4 (2009):

<https://education.gov.scot/Documents/btc4.pdf>

¹⁸ Mo Shaoghal Obrach: <https://www.myworldofwork.co.uk/>

¹⁹ An [15 – 24 Learner Journey Review](#), td 7

nan innealan as ùire gus dèanamh cinnteach gu bheil pròiseasan profaidhlidh èifeachdach ann an àite. Bheir seo aig an aon àm taic ann a bhith a' cur an sàs DYW agus, nas mionaidiche buileach, na làn chòraichean agus na sùileachaidhean a tha ann an Ìre Foghlam Dhreuchdan 3-18.

Profaidhleadh - Ceistean Meòrachail

- Dè cho èifeachdach 's a tha pròiseasan profaidhlidh thar na sgoile/suidheachadh?
- Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh feum de thracadh agus sgrùdadh, profaidhleadh agus planadh ionnsachadh pearsanta gus clann agus daoine òga a chuideachadh gu bhith a' comharrachadh neartan agus nan ath cheumannan ann an ionnsachadh?
- Dè cho math 's a tha ar modhan-obrach a thaobh profaidhleadh a' leasachadh a' mhothachaidh a tha aig clann agus daoine òga orra fhèin mar luchd-ionnsachaidh agus a' toirt taic dhaibh ann a bhith ag aithneachadh nan sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair a tha iad a' leasachadh gus cur ri planadh slighean ionnsachaidh airson an ama ri teachd?
- Dè cho math 's a tha profaidhleadh air a chleachdadh le clann agus daoine òga airson bruidhinn mun adhartas agus coileanaidhean gus taic a thoirt do leantaileachd ann an ionnsachadh aig ìrean eadar-ghluasad?
- Dè an ìre gu bheil sinn a' cleachdadh fiosrachadh bho phrofaidhleadh agus planadh ionnsachaidh pearsanta gus dèanamh cinnteach à leantaileachd ann an ionnsachadh do chlann agus daoine òga air fad?
- Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' stiùireadh a' phrofaidhl aca fhèin, a' fireanachadh an roghainn de fhianais agus a cho-roinn gu h-ìomchaidh?
- Dè cho math 's a tha sinn a' tabhann chothroman a dhol an sàs ann am profaidhleadh a tha a' toirt taic do ionnsachadh agus leasachadh sgilean airson obair agus roghainnean dreuchdail san àm ri teachd?
- Dè cho math 's a tha sinn a' cur clann agus daoine òga an sàs ann an conaltradh brìoghmhor mun àrd-mhiannan a thaobh dreuchd, ùidhean, coileanaidhean agus leasachadh sgilean agus gan cuideachadh a' cur nan nithean sin sna profaidhlean aca?
- Dè an ìre gu bheil buil nan gnìomhan profaidhlidh a' toirt buaidh air a' phlanadh a tha sinn a' dèanamh air a' churraicealam a tha a' toirt taic do leasachadh sgilean co-cheangailte ri obair?
- Dè cho misneachail 's a tha ar luchd-ionnsachaidh gu bheil fios aca càite am faigh iad taic le fiosrachadh agus cothrom, a' dèanamh deagh fheum de thùsan air-loidhne leithid *Mo Shaoghal Obrach*?
- Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh nam fèin-fhiosrachaidhean ionnsachaidh agus na coileanaidhean a tha air an tabhann le raon farsaing de fhèin-fhiosrachaidhean neo-churraicealaich, duaisean òigridh agus teisteanasan? (me Diùc Dhùn Èideann, City & Guilds, Edexcel BTEC, ASDAN, Iain Muir)
- Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' cur an cèill Inbhean Foghlam Dreuchdail agus/no Inbhean Greis Obrach, gu sònraichte na làn-chòraichean agus na sùileachaidhean a thaobh profaidhleadh?

- Ciamar a tha conaltraidhean mu phrofaidhleadh a' ceangal gu h-èifeachdach ris a' phròiseas cruinneachaidh dàta air slighe roghnaichte agus earrann clàraichte san 16+ duilleag ann an SEEMIS?

Ceangalan iomchaidh

Amazing Things, Awards Network

[http://www.sqa.org.uk/files_ccc/Amazing Things 3rd edition.pdf](http://www.sqa.org.uk/files_ccc/Amazing_Things_3rd_edition.pdf)

Building the Curriculum series

[https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-\(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5\)/Building%20the%20Curriculum](https://education.gov.scot/scottish-education-system/policy-for-scottish-education/policy-drivers/cfe-(building-from-the-statement-appendix-incl-btc1-5)/Building%20the%20Curriculum)

Career Education Standard 3-18

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/dyw2-career-education-standard-0915.pdf>

Career Conversations in a Nutshell

<https://www.npfs.org.uk/downloads/career-conversations-in-a-nutshell/>

Career Education Standard: Suite of Learning Resources

<https://education.gov.scot/improvement/learning-resources/career%20education%20standard%203-18:%20suite%20of%20learning%20resources>

CfE Briefing: Curriculum for Excellence – Profiling and S3 profile

<https://education.gov.scot/Documents/cfe-briefing-3.pdf>

Dè cho math 's a tha an sgoil againn? 4

<https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/HGIOS4>

Dè cho math 's a tha a' cholaiste againn?

<https://education.gov.scot/improvement/selfevaluation/How%20good%20is%20our%20college?>

Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus cùram chloinne?

<https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/How%20good%20is%20our%20early%20learning%20and%20childcare?>

Dè cho math 's a tha AR sgoil? (dreach neach-ionnsachaidh)

<https://education.gov.scot/improvement/self-evaluation/frwk20-how-good-is-our-school>

MO SHAOGHAL OBRACH

<https://www.myworldofwork.co.uk/>

Scottish Credit and Qualifications Framework

<https://scqf.org.uk/>

The 15 – 24 Learner Journey Review

<http://www.gov.scot/Publications/2018/05/4774>

The Youth Employment UK Employability Review

<https://www.youthemployment.org.uk/youth-employment-uk-employability-skills-review-2017/?platform=hootsuite>

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirc Gnìomhachais
Slighe Almondvale
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

T +44 (0)131 244 4330

E enquiries@education.scotland.gsi.gov.uk

<https://education.gov.scot/>